



East Ayrshire Council
Comhairle Siorrachd Àir an Ear

DREACHD PLANA GÀIDHLIG

2023-2028

DREACHD

CLAR-INNSE

CLAR-INNSE	2
RO-RÀDH	3
Comhairle Siorrachd Àir an Ear.....	3
A' GHÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR AN EAR.....	4
GÀIDHLIG ANN AN ALBA.....	6
ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005.....	6
PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG.....	7
IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN.....	7
CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD PLANA GÀIDHLIG.....	7
PRÌOMH PHRIONNSAPALAN	8
SPÈIS CHO-IONANN.....	8
TAIRGSE GHNÌOMHACH.....	8
ÀBHAISTEACHADH.....	8
GEALLTANASAN A' PHLANA	9
PRÌOMHACHASAN RO-INNLEACHDAIL.....	9
AMASAN SEIBHEISEAN CORPORRA.....	18
CEANLAICHEAN RIS AN FHRÈAM COILEANAIDH NÀISEANTA	29
CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAICHEAN-OBRAICH IONADAIL AGUS ROINNEIL	30
FOILLSEACHADH	30
FOILLSEACHACHADH AGUS SANASACHD A' PHLANA.....	30
A' GOIREASACHADH A' PHLANA	31
A' SGRÙDADH A' PHLANA	31
BUIDHEANN BUILEACHAIDH IS SGRÙDIADH A' PHLANA GHÀIDHLIG.....	31
AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGHDARRAS PHOBLACH	31
UALLACH AIRSON A' PHLANA AIG A' CHEANN THALL.....	31
UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA.....	32
A' CONALTRADH LE LUCHD-OBRAICH.....	32
BUIDHNEAN LETH-EISIMEILEACH AGUS TREAS PÀRTAIDHEAN.....	32

RO-RÀDH

COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR AN EAR

Suidhichte air a' Ghalldachd ann an iar-dheas na h-Alba, tha dualchas cultarach is cànanach beairteach agus eadar-mheasgte aig Siorrachd Àir an Ear, eachdraidh gnìomhachais phròiseil, agus raon de ghnìomhachdan cur-seachad is aoigheachd a bhios a' tàladh an dà chuid muinntir an àite agus luchd-tadhail. A' gabhail a-steach an dà chuid coimhearsnachdan bailteil agus dùthchail, tha slugh de 122,020 ann an Siorrachd Àir an Ear ¹ daoine agus tha e a' còmhachadh 490 mìle ceàrnagach. 'S e Cille Mheàrnaig am baile as motha, le slugh de chòrr is 46,000 neach. Tha an còrr den t-sluagh a' fuireach ann an coimhearsnachdan nas lugha, bho nas lugha na ceud duine ann an cuid de bhailtean beaga agus sgìrean dùthchail gu beagan nas lugha na 9,000 ann an Cumnag, an dàrna baile as motha ann an Siorrachd Àir an Ear.²

Bho chaidh a stèidheachadh ann an 1996, tha Comhairle Siorrachd Àir an Ear air cliù a choisinn mar chomhairle àrd-amasach, adhartach, agus a tha a' coileanadh aig àrd-ìre, a tha a' dèanamh a dìcheall do na daoine a tha a' fuireach agus ag obair san sgìre. Tha timcheall air 6,733 luchd-obrach ann³ a tha a' libhrigeadh raon de sheirbheisean air feadh Siorrachd Àir an Ear. Tha Prìomh Oifis na Comhairle ann an Rathad Lunnainn, Cille Mheàrnaig. Chan deach buidseat 2023-24 a dhearbhadh fhathast aig àm sgrìobhaidh.

Tha Siorrachd Àir an Ear air aon de na 32 Comhairlean ann an Alba, agus tha i air a roinn ann an naoi uàrdan ioma-bhall, le 3 neo 4 Chomhairlichean a' riochdachadh gach uàrd. Tha 32 comhairlichean ann uile gu lèir. Bho thaghadh nan Comhairlean Ionadail ann an 2022, tha buidheann-riaghlaidh beag-cuid air a bhith aig a' Chomhairle a tha ga stiùireadh le Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba.

	Buill thaghte
Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba	14
Pàrtaidh Làbarach na h-Alba	10
Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba	4
Neo-eisimeileach	3
The Rubbish Party	1

Tha structar co-dhùnaidh na Comhairle stèidhichte air modail caibineat. Tha uallach air a' Chaibineat, le Ceannard na Comhairle sa chathair, airson a h-uile co-dhùnadh gnìomhach a nì an t-ùghdarras ionadail. Bidh a' Chomataidh Riaghlaidh is Sgrùdaidh ag obair mar chothrom dhan Chaibineit, a' toirt seachad sgrùdadh fosgailte agus siostamach air co-dhùnaidhean agus a' toirt seachad dùbhlàn cunbhalach mu choileanadh.

Tha uallach air Comhairle Siorrachd Àir an Ear a bhith a' toirt seachad raon farsaing de sheirbheisean poblach àrd-inbhe. Tha am Plana Coimhearsnachd (2015-2030)

¹ 2021 estimate ([Population age structure | Understanding East Ayrshire \(east-ayrshire.gov.uk\)](#))

² [PLANA COIMHEARNACHD 2015-2030 \(eastayrshirecommunityplan.org\)](#)

³ Am Faoilleach 2023.

fhathast air aithneachadh mar an àrd sgrìobhainn planaigh, a tha na fhrèam poileasaidh ro-innleachdail farsaing airson libhrigeadh sheirbheisean leis a h-uile Com-pàirtiche. Tha am Plana Coimhearsnachd a' cur air adhart na lèirsinn a leanas:

“S e àite le coimhearsnachdan làidir, sàbhailte agus beothail a th' ann an Siorrachd Àir an Ear far a bheil deagh chàileachd-beatha aig a h-uile duine agus cothrom air cothroman, roghainnean agus seirbheisean àrd-inbhe a tha seasmhach, ruigsinneach agus a rèir feumalachdan dhaoine.”

Tha am Plana Leasachaidh Bhuilean Ionadail (2021-24) agus Leas-lèirmheas a' Phlana Coimhearsnachd (2021-24) a' cumail taic ris a' Phlana Coimhearsnachd.

Tha trì Planaichean Libhrigidh cuspaireil mar bhunait dhan Plana Coimhearsnachd (2015-2030), is iad sin:

- Eaconamaidh agus Sgilean;
- Coimhearsnachdan nas Sàbhailte; agus
- Sunnd

Tha Plana Coimhearsnachd Siorrachd Àir an Ear cuideachd a' co-thaobhadh ri Plana Ro-innleachdail na Comhairle (2022-27) a chaidh aontachadh san Ògmhios 2022, a tha na fhrèam ro-innleachdail airson a bhith a' libhrigeadh prìomhachasan agus àrd-amasan na Comhairle airson ar coimhearsnachdan.

Tha Ceannard Comhairle Siorrachd Àir an Ear a' faighinn taic bho Iar-cheannard, aig a bheil uallach obrachaidh airson Fàs Eaconamach, Riaghladh Ghoireasan is Seilbh, Slàinte is Sàbhailteachd, agus Taigheadas is Coimhearsnachdan. Còmhla ri Stiùiriche a' Chom-pàirteachais Slàinte is Cùram Sòisealta, is iad Sgioba-stiùiridh Gnìomh na Comhairle a tha seo cuideachd a' gabhail a-steach a' Phrìomh Oifigear Riaghlaidh, a' Phrìomh Oifigear Obair Shòisealta, a' Phrìomh Oifigear Ionmhais, agus a' Phrìomh Oifigear Foghlaim.

A' GHÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR AN EAR

Bheir foillseachadh Cunntas 2022 seachad fiosrachadh nas ùire mu chleachdadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Àir an Ear.

Sheall Cunntas-sluaigh 2011 gun robh 916 duine ann an Siorrachd Àir an Ear (a bha nas sine air 3 bliadhna a dh'aois) le sgilean Gàidhlig sam bith – seo 0.8% de shluagh Siorrachd Àir an Ear (nas lugha na a' chuibheasachd nàiseanta de 1.7%). Às na 961 daoine seo:⁴

- Bha comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh is a sgrìobhadh aig 34%;
- Bha comas Gàidhlig a bhruidhinn is a leughadh ach gun chomas Gàidhlig a sgrìobhadh aig 2%;
- Bha comas Gàidhlig a bhruidhinn ach gun chomas Gàidhlig a leughadh no a sgrìobhadh aig 24%;

⁴ [Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011: Aithisg na Gàidhlig \(pàirt 1\), 30 Sultain 2015 - Figear 1 is Figear 2](#)

- Bha comas Gàidhlig a thuigsinn ach gun chomas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh aig 31%; agus
- Bha comas aig 9% a' Ghàidhlig a leughadh, ach gun comas Gàidhlig a bhruidhinn.

Tha Fòram Gàidhlig Siorrachd Àir an Ear na bhuidheann ionadail, aig a bheil ùidh ann a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig agus a cultar taobh a-staigh Siorrachd Àir an Ear. Tha am Fòram air bùthan-obrach òrain agus làithean còmhraidh a chumail, agus tron ghalar lèir-sgaoilte COVID-19 chum iad clasaichean còmhraidh air Zoom do bhuill. A dh'aindeoin nan dùbhlann bhon galair lèir-sgaoilte, tha am Fòram fhathast gu math gnìomhach air na meadhanan sòisealta, far a bheil e a' brosnachadh ionnsachadh, eachdraidh agus tachartasan Gàidhlig do na buill aige agus do mhuinntir Siorrachd Àir an Ear. Agus am Fòram a' gluasad air adhart bho bhuaidh a' ghalair lèir-sgaoilte, tha iad ag amas air tachartasan aghaidh-ri-aghaidh a leudachadh - leithid an latha còmhraidh a thèid a chumail ann an Cille Mheàrnaig sa Ghearran 2023, far am bi luchd-frìthealaidh (bho fhìor luchd-tòiseachaidh gu daoine a tha misneachail anns a' chànan) a' faighinn oideachadh sa Ghàidhlig.



GÀIDHLIG ANN AN ALBA

Cuiridh foillseachadh Cunntas-sluaigh 2022 ris an tuigse againn air cor na Gàidhlig ann an Alba.

Sheall Cunntas-sluaigh 2011 gun robh sgilean Gàidhlig aig mu 87,100 duine ann an Alba (mu 1.7% den t-sluagh). Às na daoine seo:⁵

- Bha Comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh is a sgrìobhadh aig 32,400 daoine;
- Bha comas labhairt Gàidhlig aig 57,600;
- Bha comas sgrìobhaidh agus/no leughaidh ach gun chomas labhairt aig 6,100; agus
- Bha comas Gàidhlig a thuigsinn, ach chan ann gus a bhruidhinn, a sgrìobhadh, no a leughadh aig 23,400.

Ged a bha àrdachadh ann bho Chunntas-sluaigh 2001 anns na daoine (thairis air 3 bliadhna a dh'aois) leis na sgilean Gàidhlig uile (an fheadhainn as urrainn Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh, agus a sgrìobhadh) – dh'èirich seo bho 31,500 ann an 2001 gu 32,400 ann an 2011 – bha lùghdachadh ann an sgilean Gàidhlig ann an Alba.

- Chaidh an àireamh de dhaoine (nas sine na 3 bliadhna) a tha comasach air Gàidhlig bruidhinn sìos 1.8% eadar 2001 agus 2011;
- Chaidh an àireamh de dhaoine (nas sine na 3 bliadhna) a tha comasach air Gàidhlig a leughadh no a sgrìobhadh, sìos 13.2% eadar 2001 agus 2011; and
- Chaidh an àireamh de dhaoine (nas sine na 3 bliadhna) a tha comasach air Gàidhlig a thuigsinn (ach gun a bhith comasach air a bruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh) sìos 12.6% eadar 2001 agus 2011; agus

Air Latha Fhèill Anndrais ann an 2019, chaidh Gàidhlig na h-Alba a chur air bhog mar chùrsa air an àrd-ùrlar air-loidhne, *Duolingo*. Sa Mhàrt 2022, bha cùrsa na Gàidhlig air 1.12 millean neach-ionnsachaidh, a ruigsinn, le 431,000 den luchd-ionnsachaidh sin gnìomhach air a' chùrsa – tha 25% den luchd-ionnsachaidh sin anns an RA. Bhon uair sin tha *Duolingo* air tòiseachadh air obrachadh le *Sabhal Mòr Ostaig* gus leasachadh a bharrachd a thoirt air a' chùrsa.

ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do *Bhòrd na Gàidhlig* toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail

⁵ [Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011: Aithisg na Gàidhlig \(pàirt 1\), 30 Sultain 2015](#)

inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo dreachd Phlana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir an Ear a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh am Plana Gàidhlig seo a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha taic Comhairle Siorrachd Àir an Ear ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig, gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine ann am barrachd shuidheachaidhean. Tha sinn airson an t-amas seo a choileanadh le bhith a' cuimseachadh ar n-obair air amasan farsainge Plana Nàiseanta na Gàidhlig, mar a chaidh a dhearbhadh leis an Oifigeir Ainmichte aig *Bòrd na Gàidhlig*:

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh ruinn.
- A' cur ris na cothroman aig daoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn.

IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN

Mar phàirt den obair gus Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir an Ear (2023-28) ullachadh, nì sinn sgrùdadh air comasan cànain ar luchd-obrach. Nì sinn an sgrùdadh comas cànain seo a rèir ar dleastanasan reachdail fo Achd 2005 agus an stiùireadh co-cheangailte:

- Thathar a' dèanamh seo gus am bi tuigse nas fheàrr againn air na sgilean Gàidhlig a th' aig luchd-obrach aig Comhairle Siorrachd Àir an Ear; agus
- Gus faighinn a-mach dè an t-iarrrtas a bhiodh ann am measg ar luchd-obrach airson cothroman trèanaidh Gàidhlig.

CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD PLANA GÀIDHLIG

A rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, feumaidh ùghdarrasan poblach co-chomhairle a chumail air an dreachd Phlana Gàidhlig aca mus tèid a chur gu *Bòrd na Gàidhlig*. Tòisichidh a' cho-chomhairle phoblach air a' Phlana Ghàidhlig seo air [xxx] Màrt 2023. Thèid beachdachadh air a h-uile freagairt agus thèid atharrachaidhean a tha a tha a dhìth air an dreach seo a dhèanamh, mus tèid a chur gu *Bòrd na Gàidhlig*.

PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

SPÈIS CHO-IONANN

Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha *Bòrd na Gàidhlig* ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus a' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca, mar a thèid am prionnsabal a choileanadh agus a chumail suas san obair acasan.

Bidh Comhairle Siorrachd Àir an Ear ag amas air dèanamh cinnteach, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

TAIRGSE GHNÌOMHACH

Bidh Comhairle Siorrachd Àir an Ear a' tairgsinn nan seirbheisean Gàidhlig againn gu gnìomhach dhan luchd-obrach againn agus dhan phoball. Nì seo cinnteach, nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn, gum bi luchd-cleachdaidh Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan a choileanadh mas e sin a thaghas iad.

Nì sinn ar dìcheall dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

ÀBHAISTEACHADH

'S e prìomh amas Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' Ghàidhlig agus a cultar co-cheangailte a chumail suas agus a leudachadh. Nì Comhairle Siorrachd Àir an Ear a dìcheall gus dèanamh cinnteach gum bi cothroman dhan phoball agus dhan luchd-obrach againn a' Ghàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh, mar thaic ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

GEALLTANASAN A' PHLANA

PRÌOMHACHASAN RO-INNLEACHDAIL

A' CUR RI CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Prìomhachas Ro-innleachdail	Obraich còmhla ri com-pàirtichean agus gnìomhachasan, a' gabhail a-steach Cur-seachadan Siorrachd Àir an Ear, gus cleachdadh na Gàidhlig agus mothachadh air a' Ghàidhlig àrdachadh.		
Buil a thathar ag iarraidh	Meudaich cleachdadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Àir an Ear tro bhith a' brosnachadh thachartasan Gàidhlig agus àrdaich mothachadh mun Ghàidhlig air feadh Siorrachd Àir an Ear le bhith ag àbhaisteachadh shoidhnichean dà-chànanach ann an ionadan agus rathaidean.		
Cleachdadh làithreach	Tha mothachadh air Gàidhlig ga bhrosnachadh ann an Siorrachd Àir an Ear aig an àm seo tro shoidhnichean dà-chànanach. Tha tachartasan Gàidhlig gan cur air adhart le Cur-seachadan Siorrachd Àir an Ear.		
Gnìomhan a dhìth	Modh Tomhais	Ceann-latha targaid	Uallach
Amas air barrachd brosnachadh dà-chànanach a dhèanamh air tachartasan Gàidhlig air làrach-lìn agus meadhanan sòisealta Cur-seachadan Siorrachd Àir an Ear.	Àrdachadh san àireimh de phostaicean brosnachaidh airson tachartasan Gàidhlig.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Cur-seachadan Siorrachd Àir an Ear</i>
Far a bheil e iomchaidh sin a dhèanamh, cuir soidhnichean agus fiosrachadh dà-chànanach an àite soidhnichean agus fiosrachadh a tha seann-phasanta no millte.	Àrdachadh san àireimh de shoidhnichean dà-chànanach ann an ionadan air feadh Siorrachd Àir an Ear.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Cur-seachadan Siorrachd Àir an Ear</i>

<p>Dèan lèirmheas air an stoc shoidhnichean a th' ann mar-thà gus cothroman a chomharrachadh far an gabhadh soidhnichean rathaid dà-chànanach a thoirt a-steach no a chur an àite seann soidhnichean air prìomh shlighean agus aig crìochan bhailtean, a' dèanamh cinnteach gu bheil ainmean-àite ceart le bhith a' sireadh comhairle bho <i>Ainmean-Àite na h-Alba</i> mar a dh'fheumar.</p>	<p>Prògram Stiùireadh Stòrasan gus ath-sgrùdadh a dhèanamh agus gus prìomh àiteachan a chomharrachadh far am faodadh soidhnichean rathaid dà-chànanach a bhith air an toirt a-steach.</p> <p>A' comharrachadh phrògraman gus soidhnichean ùra a chur an àite sean soidhnichean.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Caidreachas Rathaidean Siorrachd Àir</i></p>
-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------	-------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------	------------------------------	----------------------------------------------------

Prìomhachas Ro-innleachdail	Stèidhich agus cùm suas Buidheann Buileachaidh Gàidhlig le riochdachadh bho gach roinn taobh a-staigh na Comhairle.		
Buil a thathar ag iarraidh	Stèidheachadh Buidheann Buileachaidh Gàidhlig a choinnicheas dà thuras sa bhliadhna agus a nì sgrùdadh air adhartas a nithear, le geàrr-aithisgean dà thuras sa bhliadhna air an cur ri chèile gus aithisg bhliadhnail a chruthachadh airson gach bliadhna den Phlana.		
Cleachdadh làithreach	Chan eil Buidheann Buileachaidh Gàidhlig ainmichte ann a bhios a' coinneachadh gu cunbhalach.		
Gnìomhan a dhìth	Modh Tomhais	Ceann-latha targaid	Uallach
Stèidhich Buidheann Buileachaidh Gàidhlig le riochdairean bho sheirbheisean Comhairle Siorrachd Àir an Ear.	Cruthaich buidheann agus cruthaich clàr de choinneamhan buidhne.	An t-Sultain 2023	<i>Taic Chorporra</i>
Coinneamhan aig Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig dà thuras sa bhliadhna far an tèid adhartas a sgrùdadh.	Thèid geàrr-chunntas bho choinneamhan gach sia mìosan a chur ri chèile a' cleachdadh fios air ais agus a' toirt cunntas air adhartas taobh a-staigh gach seirbheis fa leth. Thèid na geàrr-aithisgean sgrùdaidh seo a sgaoileadh gu gach com-pàirtiche ann am Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Taic Chorporra</i>

<p>Aithisg bhliadhnail a' toirt còmhla adhartas na bliadhna sin a thaobh a' Phlana Ghàidhlig (2023-28)</p>	<p>Aithisg bhliadhnail a chuireas ri chèile na geàrr-chunntasan a nithear gach turas sa bhliadhna. Thèid seo a chur a-steach gu Sgioba-stiùiridh na Comhairle airson aonta agus an uair sin gu <i>Bòrd na Gàidhlig</i>.</p> <p>Thèid an aithisg bhliadhnail seo fhoillseachadh air làrach-lìn Comhairle Siorrachd Àir an Ear.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Taic Chorporra</i></p>
------------------------------------------------------------------------------------------------------------	-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------	------------------------------	------------------------------

A' TOIRT FÀS AIR IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Prìomhachas Ro-innleachdail	Coilean an dleastanas fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 gus Foghlam Gàidhlig a bhrosnachadh is taic a thoirt dha; a' dèanamh cinnteach gun tèid sgoilearan a ghlèidheadh aig prìomh amannan eadar-ghluasaid, àrdachadh anns na h-àireamhan a tha gan clàradh ann am FtG, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil planaichean leasachaidh bliadhnaile an sàs gus aithris air inbhean agus càileachd.		
Buil a thathar ag iarraidh	Thèid taic a chumail ri Foghlam Gàidhlig ann an Siorrachd Àir an Ear fhathast.		
Cleachdadh làithreach	Thathar ag innse do phàrantan gum faodar FtG a thaghadh nuair a tha iad a' clàradh airson tràth-bhliadhnaichean agus BS1, agus thathar ag innse mun tairgse do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san àrd-sgoil. Bidh <i>Sgoil na Coille Nuaidh</i> a' cruthachadh thargaidean Gàidhlig sònraichte sa phlana leasachaidh bhliadhnaile aca agus san aithisg inbhean is càileachd agus tha solar àrd-sgoile air a ghabhail a-steach ann am plana leasachaidh na sgoile agus san aithisg S&Q.		
Gnìomhan a dhìth	Modh Tomhais	Ceann-latha targaid	Uallach
Dèan cinnteach gu bheil solar FtG air a bhrosnachadh mar phàirt de chlàradh airson seirbheisean tràth-bhliadhnaichean agus BS1.	Dèan measadh air conaltradh agus air ìrean cleachdaidh às dèidh sin.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheis Foghlaim</i>
Dèan cinnteach gu bheil planaichean leasachaidh de chàileachd àrd agus aithisgean inbhean agus càileachd an sàs gach bliadhna a thaobh solar FtG.	Bithear a' cumail sùil air cur a-steach nam planaichean agus nithear dearbhadh càileachd orra leis an sgioba sa mheadhan.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheis Foghlaim</i>
Dèan cinnteach gu bheil pàrantan/luchd-cùraim a' faighinn fios mun tairgse a tha ri faighinn airson Gàidhlig san àrd-sgoil.	Bithear a' cumail sùil air cleachdadh na Gàidhlig aig ìre na h-àrd-sgoile agus gheibh daoine òga taic gus co-dhùnaidhean a dhèanamh.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheis Foghlaim (Acadamaidh Chill Mheàrnaig)</i>

Prìomhachas Ro-innleachdail	Lean air adhart a' leudachadh na h-àireimh de theisteanasan agus eòlasan tro mheadhan na Gàidhlig a thathar a' tabhann aig ìre àrd-sgoile.		
Buil a thathar ag iarraidh	Cuir ris an àireamh de chothroman coileanaidh a tha ann do sgoilearan FtG aig ìre na h-àrd-sgoile.		
Cleachdadh làithreach	Bithear a' tabhann <i>Gàidhlig</i> mar chuspair bho ÀS1-ÀS6 airson a h-uile sgoilear FtG – chan eil cuspairean sam bith eile ri fhaighinn ann am FtG an-dràsta.		
Gnìomhan a dhìth	Modh Tomhais	Ceann-latha targaid	Uallach
Leudaich an àireamh de theisteanasan a tha rim faotainn do sgoilearan FtG tro chùrsaichean roghainneil tron Ghàidhlig.	Bithear a' cumail sùil air àireamhan nan sgoilearan FtG san Ìre as Àirde agus air dàta coileanaidh.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheis Foghlaim (Acadamaidh Chill Mheàrnaig)</i>
Lean air adhart a' togail chom-pàirteachasan le buidhnean is comainn Gàidhlig iomchaidh gus taic a thoirt do lìbhrigeadh raon de dh'eòlasan cultarach do sgoilearan FtG.	Barrachd chothroman do sgoilearan FtG a bhith a' soirbheachadh a' cleachdadh <i>na Gàidhlig</i> .	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheis Foghlaim (Acadamaidh Chill Mheàrnaig)</i>

Prìomhachas Ro-innleachdail	Cuir ri ionnsachadh na Gàidhlig agus ri eòlasan cultarail taobh a-staigh <i>Sgoil na Coille Nuaidh</i>.		
Buil a thathar ag iarraidh	Lean air adhart a' brosnachadh agus a' comharrachadh cultar beairteach na Gàidhlig agus cothroman ionnsachadh na Gàidhlig taobh a-staigh <i>Sgoil na Coille Nuaidh</i> .		
Cleachdadh làithreach	Tha sgoilearan an sàs gu cunbhalach ann an tachartasan agus nithean eile a tha a' buntainn ris a' choimhearsnachd Ghàidhlig san fharsaingeachd.		
Gnìomhan a dhìth	Modh Tomhais	Ceann-latha targaid	Uallach
Lean air adhart a' togail chom-pàirteachasan le buidhnean is comainn	Dèan measadh air com-pàirteachadh ann an eòlasan agus tachartasan.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheis Foghlaim (Sgoil na Coille Nuaidh)</i>

Gàidhlig ionchaidh gus taic a chumail ri bhith a' libhrigeadh raon farsaing de thachartasan cultarach.			
Ann an co-rèir ri Plana Leasachaidh na Sgoile agus leasachaidhean nàiseanta ann am FtG, cruthaich agus planaich raon de dh'eòlasan ionnsachaidh do luchd-ionnsachaidh.	Measadh Plana Leasachaidh Sgoile agus aithris air inbhean is càileachd.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheis Foghlaim (Sgoil na Coille Nuaidh)</i>
Tog air eòlasan ionnsachaidh a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig.	Dèan measadh air com-pàirteachadh ann an diofar eòlasan agus tachartasan; a' comharrachadh euchdan sgoilearan a' cleachdadh na Gàidhlig.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheis Foghlaim (Sgoil na Coille Nuaidh)</i>

Prìomhachas Ro-innleachdail	Cùm oirnn a' tabhann Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig do gach sgoilear ann an ÀS1/2 aig Acadamaidh Chill Mheàrnaig agus a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig gach bun-sgoil co-cheangailte ris ionnsachadh mun Ghàidhlig agus a Cultar.		
Buil a thathar ag iarraidh	Dèan cinnteach gum bi cothroman aig sgoilearan ann an Acadamaidh Chill Mheàrnaig agus na bun-sgoiltean co-cheangailte gus ionnsachadh mun Ghàidhlig agus a cultar.		
Cleachdadh làithreach	Tha a' Ghàidhlig mar phàirt den chlàr-ama airson gach neach-ionnsachaidh ann an ÀS1 aig Acadamaidh Chill Mheàrnaig agus tha i an uair sin na roghainn air a thabhann aig ÀS2. Chan eil tairgse choitcheann ann airson bun-sgoiltean ann an sgìre na h-àrd-sgoile.		
Gnìomhan a dhìth	Modh Tomhais	Ceann-latha targaid	Uallach
Lean air adhart a bhith a' toirt seachad na Gàidhlig mar thairgse do na h-uile ann an ÀS1 agus mar roghainn ann an ÀS2.	An àireamh sgoilearan a tha ag ionnsachadh Gàidhlig mar phàirt den churraicealam ann an ÀS1 agus a tha	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheis Foghlaim (Acadamaidh Chill Mheàrnaig)</i>

	a' roghainn Gàidhlig ionnsachadh an AS2.		
Thoir seachad cothroman airson seiseanan “blasad” cànanain agus cothroman ionnsachadh mu chultar na Gàidhlig thar Buidheann Foghlaim Chille Mheàrnaig, gu sònraichte aig an eadar-ghluasad bho BS7 gu ÀS1.	An àireamh sgoilearan a tha an sàs anns na gnìomhan seo.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheis Foghlaim (Luchd-obrach Sgoil na Coille Nuaidh agus tidsear Gàidhlig Acadamaidh Chill Mheàrnaig)</i>

Prìomhachas Ro-innleachdail	Cruthaich ro-innleachd gus piseach a thoirt air seirbheisean do luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig gach bliadhna.		
Buil a thathar ag iarraidh	Ionnsachadh na Gàidhlig a leasachadh, le bhith a' togail sgilean, eòlas, tuigse agus gnàth-eòlas luchd-ionnsachaidh.		
Cleachdadh làithreach	Tha sinn airson piseach agus leasachadh a thoirt air cùisean do luchd-ionnsachadh inbheach na Gàidhlig bho chlasaichean luchd-tòiseachaidh gu clasaichean adhartach, an dà chuid air-loidhne agus aghaidh-ri-aghaidh.		
Gnìomhan a dhìth	Modh Tomhais	Ceann-latha targaid	Uallach
Cuir ri mothachadh air Clasaichean Ionnsachadh Gàidhlig do dh'Inbhich.	A' brosnachadh chothroman Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd, tro àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta; tro àiteachan Glan, Uaine, Beothail stèidhichte air àite; a bharrachd air tro naidheachd beul air bheul	Tro bheatha a' Phlana	<i>Coimhearsnachdan Beothail</i>
Libhrig seiseanan blasad ann an coimhearsnachdan.	A' tabhann seiseanan blasad goirid sna coimhearsnachdan againn ann an	An Dàmhair 2023	<i>Coimhearsnachdan Beothail</i>

	com-pàirteachas le Luchd-obrach Coimhearsnachd agus Luchd-obrach Ceangal Dachaigh, a chuidicheas le bhith cur air adhart agus frithealadh nan seiseanan sin.		
Brosnaich obair a thaobh na Gàidhlig agus a Cultar taobh a-staigh Siorrachd Àir an Ear.	Leanaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth agus a' leasachadh ar deagh dhàimhean obrach le Fòram Gàidhlig Siorrachd Àir an Ear agus le <i>Sgoil na Coille Nuaidh</i> , far an urrainn dhuinn ar gnìomhachdan uile a bhrosnachadh do theaghlaichean le cloinn ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus do bhuill de choimhearsnachd na Gàidhlig.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Coimhearsnachdan Beothail</i>

INBHE

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
<p>Suaicheantas agus brannd</p> <p>Cuir cruth air an t-suaicheantas chorporra agus air a' bhrannadh an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith. Bu chòir dhan t-suaicheantas an aon ìre follaiseachd a thoirt dhan dà chànan.</p>	<p>Tha suaicheantas Siorrachd Àir an Ear a-nis dà-chànanach air gach foillseachadh, air bràistean luchd-obrach, càraichean dealain, agus air làrach-lìn na Comhairle agus eadra-lìon an luchd-obrach.</p>	<p>Bidh sinn ag amas air leantainn air adhart leis an adhartas a rinneadh le bhith a' comharrachadh chothroman sam bith a thig am bàrr agus an suaicheantas agus branndadh corporra a thoirt seachad ann an Gàidhlig agus Beurla.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig agus an Sgioba Conaltraidh</i></p>
<p>Soidhnichean</p> <p>Bidh soidhnichean a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de</p>	<p>Tha soidhnichean dà-chànanach ann air feadh Siorrachd Àir an Ear air sràidean, ionadan coimhearsnachd agus rathaidean.</p>	<p>Nuair a tha soidhnichean ùra a dhìth ann am prìomh ionadan, nì sinn ath-sgrùdadh air iomchaidheachd shoidhnichean dà-chànanach a chur an àite sheann shoidhnichean.</p> <p>Bidh sinn ag amas air cothroman a chomharrachadh far am faodar</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Cur-seachadan Siorrachd Àir an Ear</i></p>

phròiseas ùrachaidh sam bith.		soidhnichean rathaid dà-chànanach a thoirt a-steach no a chur an àite seann shoidhnichean.		<i>Caidreachas Rathaidean Siorrachd Àir</i>
-------------------------------	--	--------------------------------------------------------------------------------------------	--	-----------------------------------------------------

DREACHD

CONALTRADH LEIS A' PHOBALL

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
<p>Brosnachadh</p> <p>Teachdaireachdan brosnachail agus cunbhalach gu bheilear daonnan a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball anns a' Ghàidhlig.</p>	<p>Tha duilleag-lìn air làrach-lìn Comhairle Siorrachd Àir an Ear airson Plana Gàidhlig 2019-23 agus duilleag eile airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Chan eil gin de na duilleag-lìn seo ag ràdh gu bheilear a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig.</p>	<p>Nì sinn ath-sgrùdadh air freagarrachd cur an gnìomh an amais seirbheis chorporra seo.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Sgioba Conaltraidh</i></p>
<p>Conaltradh sgrìobhte</p> <p>Fàilte ga chur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.</p>	<p>Chan eil e ag innse air làrach-lìn Comhairle Siorrachd Àir an Ear gu bheilear daonnan a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig. Chan eil modalan trèanaidh ann airson luchd-obrach a thaobh a bhith a' freagairt litrichean/post-d Gàidhlig.</p>	<p>Nì sinn ath-sgrùdadh air freagarrachd cur an gnìomh an amais seirbheis chorporra seo.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig</i></p>

<p>Ionad-fàilte agus fòn</p> <p>Far am bi e comasach do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, thèid taic a chumail riutha gus seo a dhèanamh agus thèid an t-seirbheis a bhrosnachadh dhan phoball.</p>	<p>Chan eil luchd-obrach le Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Àir an Ear gus seirbheisean fàilteachaidh agus fòn a thoirt seachad.</p>	<p>Nì sinn ath-sgrùdadh air freagarrachd cur an gnìomh an amais seirbheis chorporra seo.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig</i></p>
<p>Coinneamhan Phoblach</p> <p>Tha cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gan sireadh agus gam brosnachadh gu cunbhalach.</p>	<p>Chan eil cothrom air a bhith aig Comhairle Siorrachd Àir an Ear coinneamh poblach a chumail gu dà-chànanach.</p>	<p>Nì sinn ath-sgrùdadh air freagarrachd cur an gnìomh an amais seirbheis chorporra seo.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig</i></p>

FIOSRACHADH

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
<p>Fiosan Naidheachd</p> <p>Bithear a' cuairteachadh fhiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.</p>	<p>Tha a h-uile brath naidheachd le ìomhaigh àrd air fhoillseachadh sa Bheurla a-mhàin. Tha brathan naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air am foillseachadh sa Bheurla sa mhòr-chuid. Bhiodh fiosan naidheachd rim faighinn sa Ghàidhlig nan rachadh an iarraidh.</p> <p>Bidh sinn a' foillseachadh cuairt-litrichean co-cheangailte ri cùisean Gàidhlig san dà chànan aig an àm seo.</p>	<p>Bidh sinn ag amas air fiosan naidheachd àrd-ìomhaigh eadar-theangachadh nuair a thèid seo iarraidh.</p> <p>Leanaidh sinn oirnn a' foillseachadh cuairt-litrichean sam bith co-cheangailte ri cùisean Gàidhlig gu dà-chànanach.</p>	Tro bheatha a' Phlana	<i>Taic Chorporra</i>
<p>Meadhanan sòisealta</p> <p>Tha susbaint Ghàidhlig air a sgaoileadh gu cunbhalach tro na meadhanan sòisealta, ag obair a dh'ionnsaigh meadhanan sòisealta</p>	<p>Tha sinn air puist dhà-chànanach fhoillseachadh thar àrd-ùrlaran meadhanan sòisealta na Comhairle nuair a tha iad buntainneach dhan t-susbaint agus dhan luchd-amais.</p>	<p>Far a bheil e iomchaidh sin a dhèanamh, bidh sinn ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil susbaint meadhanan sòisealta dà-chànanach ann. Thèid an t-susbaint seo eadar-theangachadh a rèir ar cùmhnant eadar-mhìneachaidh agus eadar-theangachaidh far a bheil feum air eadar-theangachadh.</p>	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheisean Uile</i>

a tha gu tur dà-chànanach.				
Làrach-lìn Bu chòir susbaint a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn.	Chaidh duilleagan-lìn le susbaint Gàidhlig a chur air bhog air làrach-lìn Comhairle Siorrachd Àir an Ear. Tha duilleag-lìn againn an-dràsta air làrach-lìn na Comhairle mun dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig (2019-23) agus airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.	Bidh sinn ag amas air duilleag-lìn shònraichte a chruthachadh agus a chumail suas airson a h-uile rud co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ann an Siorrachd Àir an Ear. Bidh seo a' gabhail a-steach an tionndaidh seo den Phlana Ghàidhlig agus ceanglaichean gu seirbheisean no duilleagan-lìn iomchaidh, leithid Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus cur-seachadan.	Rè Seachdain na Gàidhlig 2024	<i>Taic Chorporra agus Seirbheis Foghlaim</i>
Foilseachaidhean Corporra Air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine agus a bheir a' bhuaidh as motha.	Chaidh am Plana Gàidhlig (2019-23) agus an tionndadh roimhe sin foillseachadh gu dà-chànanach – bhiodh a h-uile sgrìobhainn corporra eile ri faighinn air iartras.	Bidh sinn ag amas air obrachadh tron Chomhairle air fad agus le Com-pàirtichean gus na foillseachaidhean corporra a chomharrachadh leis an ruigsinneachd agus a' bhuaidh as motha.	Tro bheatha a' Phlana	<i>Seirbheisean Uile</i>
Cànan Tha pròiseas an sàs gus dèanamh	Tha eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachadh airson fiosrachadh agus sgrìobhainnean corporra ga	Tha cùmhnant eadar-mhìneachaidh is eadar-theangachaidh againn a nì cinnteach gu bheil eadar-	Tro bheatha a' Phlana	<i>Taic Chorporra</i>

<p>cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig anns an fhiosrachadh chorporra aig ìre àrd.</p>	<p>dhèanamh le treas phàrtaidh teisteanachta bhon taobh a-muigh a tha a' cumail ri Gnàthasan Litreachaidh SQA.</p>	<p>theangachadh agus eadar-mhìneachadh de chàileachd àrd.</p>		
<p>Taisbeanaidhean</p> <p>Bu chòir coimhead air cothroman agus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach, le prìomhachas air a thoirt dhan fheadhainn leis a' bhuidheas as motha.</p>	<p>Chaidh Prògram Ealain Lèirsinneach Institiùd Dick, maoinichte le Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig, a chumail ann an 2017-2019. Bha tursan mìosail bho na bun-sgoiltean agus na h-àrd-sgoiltean Gàidhlig thairis air dà bhliadhna.</p> <p>Bidh tachartas Gàidhlig ann gach bliadhna mar phàirt de dh'Fhèis Leabhraichean Imprint.</p> <p>Chan eil planaichean sam bith a bharrachd ann aig an àm seo.</p>	<p>Beachdaichear air barrachd obair com-pàirteachaidh mar phàirt den phròiseas gus taisbeanaidhean a phlanadh agus de shoirbheachas maoinichaidh sam bith san àm ri teachd.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Cur-seachadan Siorrachd Àir an Ear</i></p>

LUCHD-OBACH

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
<p>In-sgrùdadh Luchd-obrach</p> <p>Dèan sgrùdadh de sgilean agus feumalachdan trèanaidh Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne rè beatha gach eagan den phlana.</p>	<p>Rinn Comhairle Siorrachd Àir an Ear in-sgrùdadh air comas sa Ghàidhlig airson a' Phlana Ghàidhlig a bh' ann roimhe (2019-2023).</p> <p>Nì sinn in-sgrùdadh air comas cànan airson an tionndadh seo den Phlana Ghàidhlig.</p>	<p>Nì sinn sgrùdadh air comas cànan taobh a-staigh na buidhne às dèidh dhuinn an tionndadh seo den Phlana Ghàidhlig aontachadh le Bòrd na Gàidhlig.</p>	<p>Rè Seachdain na Gàidhlig 2026</p>	<p><i>Taic Chorporra</i></p>
<p>Inntrigeadh</p> <p>Bidh fios mu phlana Ghàidhlig an ùghdarrais phoblaich agus mu chothroman trèanaidh Gàidhlig air a leabachadh anns an inntrigeadh aig luchd-obrach ùra uile.</p>	<p>Tha modal Plana Gàidhlig agus modal Trèanadh Mothachadh Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Àir an Ear, mar phàirt den àrd-ùrlar e-ionnsachaidh LearnPro againn.</p>	<p>Nì sinn ath-sgrùdadh agus ùrachadh air na modalan sin mar a dh'fheumar.</p> <p>Brosnaichidh sinn na modalan sin mar phàirt de dh'inntrigeadh luchd-obrach ùr.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Seirbheisean Uile</i></p> <p><i>Sgioba Conaltraidh</i></p>
<p>Trèanadh cànan</p> <p>Trèanadh is leasachadh ann an sgilean Gàidhlig gu</p>	<p>Tha modal Trèanaidh Mothachadh Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Àir an Ear, mar phàirt den àrd-ùrlar e-ionnsachaidh againn LearnPro. Tha seo a' gabhail</p>	<p>Tha sinn an-dràsta a' feitheamh ri toraidhean an in-sgrùdaidh air comas cànan.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Seirbheisean Uile</i></p>

<p>bhith air a libhrigeadh dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur an gnìomh plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.</p>	<p>a-steach briathrachas bunaiteach agus ceanglaichean ri goireasan ionnsachaidh aig GoGaelic.</p>			
<p>A' cleachdadh na Gàidhlig</p> <p>Tha luchd-obrach air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nan cuid obrach.</p>	<p>Tha luchd-obrach air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nan cuid obrach far a bheil e buntainneach is iomchaidh.</p>	<p>Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh luchd-obrach gus Gàidhlig a chleachdadh nan cuid obrach far a bheil sin buntainneach agus iomchaidh.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Seirbheisean Uile</i></p>
<p>Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig</p> <p>Trèanadh mothachaidh Gàidhlig ga libhrigeadh, le prìomhachas ga thoirt do dh'àrd luchd-obrach, prìomh dhaoine eile a nì co-dhùnaidhean agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh gu dìreach leis a' phoball.</p>	<p>Tha modal Trèanadh Mothachadh Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Àir an Ear, mar phàirt den àrd-ùrlar e-ionnsachaidh againn LearnPro.</p>	<p>Thèid trèanadh mothachadh Gàidhlig a libhrigeadh thar Seirbheisean na Comhairle far a bheil sin buntainneach agus iomchaidh.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Seirbheisean Uile</i></p>

<p>Fastadh</p> <p>Tha sgilean Gàidhlig air an aithneachadh agus air am meas anns a' phròiseas fastaidh air feadh an ùghdarrais phoblaich.</p> <p>Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus am plana Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir comhairle fastaidh Bòrd na Gàidhlig.</p> <p>Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.</p>	<p>Far am feum a' Ghàidhlig a bhith mar phàirt den t-sònrachadh obrach, thèid seo a dhèanamh a rèir comhairle fastaidh <i>Bhòrd na Gàidhlig</i> .</p> <p>Chan eil Gàidhlig mar riatanas airson sgilean ann an sanasan àbhaisteach sam bith.</p> <p>Cha bhi sinn a' dèanamh sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach aig an àm seo.</p>	<p>Cumaidh sinn oirnn a' leantainn comhairle fastaidh <i>Bhòrd na Gàidhlig</i> mar a bhios iomchaidh.</p> <p>Far a bheil feum sònraichte air a' Ghàidhlig airson dreuchd, bidh riochdaire iomchaidh le Gàidhlig mar phàirt den phròiseas agallaimh.</p> <p>Far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach airson dreuchd, bidh sinn ag amas air sanasan obrach agus sònrachadh neach fhoillseachadh gu dà-chànanach.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Daoine is Cultar</i></p>
----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------	----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------	------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------	------------------------------	--------------------------------

CORPAS NA GÀIDHLIG

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
<p>Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig</p> <p>Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.</p>	<p>Tha stuthan sgrìobhte a nì Comhairle Siorrachd Àir an Ear air an eadar-theangachadh le treas-phàrtaidh le teisteanasan iomchaidh a tha a' cumail ri Gnàthasan Litreachaidh SQA.</p>	<p>Tha cùmhnant eadar-mhìneachaidh is eadar-theangachaidh againn a nì cinnteach gum bi eadar-theangachadh ann den a h-uile rud sgrìobhte a tha sinn ag iarraidh</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Taic Chorporra</i></p>
<p>Ainmean-àite</p> <p>Bithear a' sireadh is a' leantainn comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho <i>Ainmean-Àite na h-Alba</i>.</p>	<p>Siridh Comhairle Siorrachd Àir an Ear comhairle bho <i>Ainmean-Àite na h-Alba</i> mar a dh'fheumar.</p>	<p>Cumaidh sinn oirnn a' sireadh comhairle bho <i>Ainmean-Àite na h-Alba</i> mar a dh'fheumar.</p>	<p>Tro bheatha a' Phlana</p>	<p><i>Caidreachas Rathaidean Siorrachd Àir</i></p>

CEANLAICHEAN RIS AN FHRÈAM COILEANAIDH NÀISEANTA

Tha Frèam Coileanaidh Nàiseanta airson Alba air fad agus tha e ag amas air:

- A bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile;
- A' toirt cothroman dhan a h-uile duine a tha a' fuireach ann an Alba;
- A' cur ri sunnd nan daoine a tha a' fuireach ann an Alba;
- A' cruthachadh fàs seasmhach agus in-ghabhalach; agus
- A' lùghdachadh neo-ionannachd agus a' cur an aon chuideam air adhartas eaconomach, àrainneachdail agus sòisealta.

Gus an adhbhar agus na h-amasan a choileanadh, tha am Frèam Coileanaidh Nàiseanta air “Builean Nàiseanta” a shuidheachadh. Tha iad seo a' mìneachadh an t-seòrsa Alba a tha e ag amas air cruthachadh do dhaoine. Bidh Comharran Nàiseanta a' tomhas adhartas an Fhrèam mu choinneamh nam Builean Nàiseanta. Bheir iad sin dòigh dhuinn gus shunnd nàiseanta a thomhas, agus tha iad a' gabhail a-steach comharran eaconomach, sòisealta agus àrainneachd.

'S iad na builean nàiseanta sin gum bi daoine:

1. A' fàs suas gu sàbhailte le gaol is spèis oirnn gus an coilean sin ar làn chomasan;
2. A' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte;
3. Cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing;
4. Le eaconamaidh a tha farpaiseach aig ìre na cruinne, a tha tionnsgalach, in-ghabhaltach agus seasmhach;
5. Air an deagh oideachadh is le deagh sgilean agus comasach air cur ris a' chomann-shòisealta;
6. A' cur luach agus a' gabhail tlachd nan àrainneachd agus gu bheil iad ga dìon is ga leasachadh;
7. Le gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach, le deagh obraichean agus obair chothromach ann dhan a h-uile duine;
8. Fallain agus gnìomhach;
9. A' toirt spèis do chòraichean daonna, gu bheil gan dìon agus gan coileanadh agus gu bheil gan saor bho lethbhreith;
10. Fosgailte, ceangailte agus a' toirt deagh bhuidheachd gu h-eadar-nàiseanta; agus
11. a' toirt aghaidh air bochdainn tro bhith a' co-roinn chothroman, beartas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionainne

Tha am Plana Gàidhlig seo ag amas air prìomhachasan an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta a thoirt air adhart. Tha eisimpleirean den adhartas a rinneadh mar-thà, agus mar a tha sinn ag amas piseach a thoirt air seo, air an toirt seachad gu h-ìosal.

- Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' ciallachadh gum faod clann fàs suas ann an àrainneachd shàbhailte le spèis a chuireas ris na sgilean cànanain aca.
- Tha a bhith a' cur ri mothachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Àir an Ear a' cur ri coimhearsnachd nas in-ghabhailte agus nas eadar-mheasgte, far am faigh daoine tlachd às a' Ghàidhlig, a cultar agus foghlam na Gàidhlig.
- Le bhith a' leasachadh ionnsachadh inbheach taobh a-staigh na coimhearsnachd againn a rèir a' Phlana seo, bidh raon nas fharsaing de dhaoine ann as urrainn iad fhèin a chur an cèill tron Ghàidhlig agus tlachd fhaighinn às a' Ghàidhlig agus a cultar ann an Siorrachd Àir an Ear.
- Le bhith a' coileanadh ar dleasan reachdail fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Cairt Eòrpach nam Mion-chànanan, cuiridh sinn ri seasmhachd na Gàidhlig ann an Alba san àm ri teachd.

CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAICHEAN-OBRAICH IONADAIL AGUS ROINNEIL

Tha am Plana Coimhearsnachd (2015-2030) fhathast air aithneachadh mar an àrd-sgrìobhainn planaidh airson sgìre Siorrachd Àir an Ear, a tha a' toirt seachad frèam poileasaidh ro-innleachdail farsaing airson libhrigeadh sheirbheisean leis a h-uile Com-pàirtiche. Tha an t-aonta a' mìneachadh a' gheallaidh a leanas:

“S e àite le coimhearsnachdan làidir, sàbhailte agus beothail a th' ann an Siorrachd Àir an Ear far a bheil deagh chàileachd-beatha aig a h-uile duine agus cothrom air cothroman, roghainnean agus seirbheisean àrd-inbhe a tha seasmhach, ruigsinneach agus a tha a rèir feumalachdan dhaoine.”

Tha prìomh luachan Comhairle Siorrachd Àir an Ear - Càileachd, Co-ionannachd, Ruigsinneachd, agus Com-pàirteachas - mar bhunait air a h-uile rud a nì Comhairle Siorrachd Àir an Ear agus a luchd-obrach. Tha am Plana Gàidhlig (2023-28) a' nochdadh dealas Siorrachd Àir an Ear gus ar dualchas cultarach beairteach agus eadar-mheasgte a bhrosnachadh – tha seo a' gabhail a-steach na Gàidhlig, a cultar agus foghlam Gàidhlig.

FOILLSEACHADH

FOILLSEACHACHADH AGUS SANASACHD A' PHLANA

AIR AN TAOBH A-STAIGH

Thèid Plana Gàidhlig aontaichte Comhairle Siorrachd Àir an Ear (2023-28) fhoillseachadh air eadra-lìon Comhairle Siorrachd Àir an Ear agus thèid fiosrachadh a-mach dhan luchd-obrach air fad ann am Beurla agus Gàidhlig.

AIR AN TAOBH A-MUIGH

Thèid Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:

- Cuiridh sinn fios naidheachd a-mach mu fhoillseachadh a' phlana;
- Nì sinn sanasachd air a' phlana air diofar àrd-ùrlaran sna meadhanan sòisealta;
- Sgaoilidh sinn lethbhreacan do bhuidhnean leth-eisimeileach agus do bhuidhnean treas-phàrtaidh eile, a' mineachadh an dleastanais aca ann an libhrigeadh a' phlana;
- Sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do phrìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn;
- Sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do bhuidhnean Gàidhlig iomchaidh agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis agus
- Cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh

A' GOIREASACHADH A' PHLANA

Tha Comhairle Siorrachd Àir an Ear ag amas air Plana Gàidhlig (2023-28) a ghoireasachadh le maoinachadh bho *Bhòrd na Gàidhlig*. Thèid barrachd maoinachaidh a shireadh, ma bhios seo a dhìth, nuair a bhios feum air.

A' SGRÙDADH A' PHLANA

BUIDHEANN BUILEACHAIDH IS SGRÙDIADH A' PHLANA GHÀIDHLIG

Bidh am Plana Gàidhlig (2023-28) air a sgrùdadh le Buidheann Buileachaidh Gàidhlig stèidhichte agus nithear lèirmheas air dà thuras sa bhliadhna.

Tha sinn ag amas air dà aithisg a chur ri chèile sa bhliadhna bho na coinneamhan sin, a bhios mar phrìomh phàirt den aithisg bhliadhnail a tha sinn ag amas air cur a-steach gu Sgioba-stiùiridh na Comhairle agus *Bòrd na Gàidhlig*.

Bidh an aithisg bhliadhnail seo ri fhaighinn dhan phoball air làrach-lìn Comhairle Siorrachd Àir an Ear. Bidh buill na Buidhne Buileachaidh a chruthaich am Plana seo fhathast an sàs ann an coinneamhan Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig a thèid a chumail dà thuras sa bhliadhna.

AM PLANA GHÀIDHLIG ANNS AN ÙGH DARRAS PHOBLACH

UALLACH AIRSON A' PHLANA AIG A' CHEANN THALL

Tha an t-uallach airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir an Ear aior an Àrd-oifigear aig a' cheann thall agus is urrainnear fios a chur dhan àrd-oifigear mar a leanas:

*Àrd-oifigear
Comhairle Siorrachd Àir an Ear*

*Priomh Oifis na Comhairle
Rathad Lunnainn
Cill Mheàrnaig
Siorrachd Àir an Ear
KA3 7BU*

UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA

Tha uallach làitheil airson lìbhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir an Ear air Ceannard nan Seirbheisean Taic Corporra agus is urrainnear fios a chur gu Ceannard nan Seirbheisean Taic Corporra mar a leanas:

*Ceannard na Taic Corporra
Oifis an Àrd-oifigear
Comhairle Siorrachd Àir an Ear*

*Priomh Oifis na Comhairle
Rathad Lunnainn
Cill Mheàrnaig
Siorrachd Àir an Ear
KA3 7BU*

A' CONALTRADH LE LUCHD-OBRACH

Bidh an dreachd den Phlana Ghàidhlig (2023-28) air chothrom dhan luchd-obrach air fad ann an Siorrachd Àir an Ear le cothrom an suirbhidh co-chomhairleachaidh poblach a lionadh. Bidh cothrom ann cuideachd sgrùdadh a dhèanamh air comas cànanain taobh a-staigh na buidhne. Cumaidh buill de Bhuidheann Buileachaidh na Gàidhlig orra a' cumail sùil air adhartas a' Phlana Ghàidhlig (2023-28) sna raointean seirbheis aca fhèin. Bidh seo a' gabhail a-steach conaltradh le co-obraichean gus beachdan fhaighinn agus fios a thoirt dhaibh ma bhios leasachaidhean agus cothroman ann.

BUIDHNEAN LETH-EISIMEILEACH AGUS TREAS PÀRTAIDHEAN

Tha an aon Bhuidheann Leth-eisimeileach aig a' Chomhairle, Cur-seachadan Siorrachd Àir an Ear, an sàs ann an dreachdadh a' Phlana seo mar-thà mar phàirt de Bhuidheann Buileachaidh na Gàidhlig. Bidh e an urra ri Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig cothroman a chomharrachadh gus Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir an Ear (2023-28) a bhrosnachadh do bhuidhnean treas-phàrtaidh, gam brosnachadh

gus seirbheisean Gàidhlig iomchaidh a sholarachadh taobh a-staigh an raoin ùghdarrais aca.

DREACHD